

Cuspair Clàir-ghnothaich	5
Àir. Aithisge	G/7/25

Comhairle na Gàidhealtachd

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 4 Ògmhios 2025

Tìotal Aithisge: Aithisg Às Dèidh Tachartais: Co-labhairt Ghàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 Tha an aithisg seo a' toirt seachad geàrr-chunntas dhen Cho-labhairt Ghàidhlig a chuir Comhairle na Gàidhealtachd air dòigh. Chaidh an tachartas a chumail air 1 Cèitean 2025 ann an Taigh-cluiche Cùirt an Easbaig, Inbhir Nis.
- 1.2 Às dèidh dhan Cho-labhairt Ghàidhlig a bhith air a libhrigeadh gu soirbheachail, chaidh prìomh ghnìomhan a chomharrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi adhartas ann mar thoradh air an tachartas.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:
- i. toirt fa-near dhan aithisg;
- ii. beachdachadh air na prìomh theachdaireachdan bhon cho-labhairt; agus
- iii. AONTA a thoirt do na h-ath cheumannan ann an earrainn 9.

3. Builean

- 3.1 Goireas
Tha libhrigeadh Plana na Gàidhlig air a mhaoineachadh le Comhairle na Gàidhealtachd, tabhartasan Riaghaltas na h-Alba agus diofar shruthan maoineachaidh Bhòrd na Gàidhlig (BnaG).

Chaidh a' cho-labhairt a mhaoineachadh le taic bho Mhaoin Soirbheachas Co-roinnte na Rìoghachd Aonaichte. Chaidh an cùmhnant libhrigidh airson na Co-labhairt Ghàidhlig a thoirt do 21CC air 12 Sultain 2024 tro sholarachadh. Chosg an tachartas £29,900 uile gu lèir.
- 3.2 Laghail
Tha dleastanas reachdail aig Comhairle na Gàidhealtachd gum bi Plana Gàidhlig aontaichte aice a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha an dleastanas reachdail a'

gabhail a-steach uallach a bhith a' buileachadh ghealltanasan agus cunntas ceart a thoirt seachad mun deidhinn.

3.3 Cunnart

Am measg nan cunnartan a chaidh a chomharrachadh tha cuideaman a thaobh goireasan a' toirt buaidh air comas Chomhairle na Gàidhealtachd molaidhean na co-labhairt a choileanadh.

3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine) Cha deach cunnart a chomharrachadh.

3.5 Gàidhlig

Buaidh mhath a thaobh a bhith a' libhrigeadh nam builean ann am Plana na Gàidhlig a tha a' buntainn ri cuspair Gnìomhachas agus an Eaconamaidh.

4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tìr-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Cùl-fhiosrachadh

5.1 Tha fòcas soilleir aig Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd air a bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig agus air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart a' toirt taic dhan chànan thar nan seirbheisean aice agus le prìomh chom-pàirtichean, airson cur ri luach is mathas farsaing a thaobh chùisean foghlaim, sòisealta, cultarach is eaconamach sa Ghàidhealtachd.

5.2 B' e adhbhar na co-labhairt aon-latha fianais a thoirt seachad mu luach chultarach is mu chomas eaconamach na Gàidhlig ann an gnìomhachas agus so-fhastachd air feadh na Gàidhealtachd. Tha prìomhachas ro-innleachdail ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh gnìomhachas agus an eaconamaidh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an gnothachasan is ann an iomairtean sòisealta, agus mar stòras eaconamach ann an Alba. Bha a' cho-labhairt ag amas air guthan a thoirt a-steach bho raon farsaing roinnean is bho dhiofar ìrean eòlais air a' Ghàidhlig gus deagh lìonrachadh is iomlaid-fiosrachaidh a bhrosnachadh. Chaidh cuireadh a thoirt do luchd-ùidhe bho air feadh na Gàidhealtachd a bharrachd air aoighean bho air feadh Alba gus am b' urrainnear cothroman lìonrachaidh a ghlacadh.

- 5.3 Chaidh an cùmnant airson an tachartas a stiùireadh a thoirt do 21CC san t-Sultain 2024, mar a chaidh innse aig Comataidh na Gàidhlig roimhe. Chaidh seo a thoirt seachad tro sholarachadh a' cleachdadh pròiseas a bha a' toirt cuireadh airson ro-aithris chosgaisean.
- 5.4 Chaidh Taigh-cluiche Cùirt an Easbaig a thaghadh mar àite seach gu bheil e ann am meadhan a' bhaile agus seach gu bheil an t-ionad dealasach a thaobh na Gàidhlig, ag aithneachadh buaidh chultarach is eaconamach na Gàidhlig mar phàirt dhen cho-ionad chultarach aca. Bha Oifigear Gàidhlig Taigh-cluiche Cùirt an Easbaig cuideachd an làthair aig coinneamhan planaigh ron cho-labhairt airson cuideachadh leis a' chlàr-ghnothaich agus pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean mu bhith a' libhrigeadh an tachartais gu soirbheachail. Tro bhith a' co-obrachadh le Cùirt an Easbaig, tha e air a bhith comasach dhan Chomhairle taic a thoirt dhan phlana Ghàidhlig aca. Tha Cùirt an Easbaig air ainmeachadh ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd mar chom-pàirtiche libhrigidh airson dràma, na meadhanan agus tachartasan cultarach. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig [Gàidhlig | Cùirt an Easbaig](#).

6. Clàr-gnothaich agus Cruth

- 6.1 Chaidh a' cho-labhairt a dhealbh gus raon farsaing is measgaichte de luchd-ùidhe a thoirt còmhla. Bha seo a' gabhail a-steach dhaoine fa leth is bhuidhnean bho ghnìomhachasan Gàidhlig agus bho ghnìomhachasan nach eil cho buailteach a bhith an lùib na Gàidhlig. Bha seallaidhean iomchaidh aca uile agus comas cur ri deasbaireachd mu leasachadh eaconamach na Gàidhlig. Chithear an clàr-gnothaich, le fiosrachadh mun luchd-labhairt is mu na buidhnean, aig: gaelicconference.com
- 6.2 Bha grunn chothroman lìonrachaidh ann tron latha, le bracaist chlàrachaidh, lòn, agus deochan aig deireadh an latha, air an ùrlar mezzanine ann an Taigh-cluiche Cùirt an Easbaig.
- 6.3 Thug Leas-Phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconamaidh is na Gàidhlig, Ceit Fhoirbeis BPA, seachad teachdaireachd a chaidh a chlàradh ro làimh, is i a' beachdachadh:

'Am measg nan dùbhlannan a tha romhainn tha a bhith ag aithneachadh gur e an gnìomhachd eaconamach seo, is am piseach a tha i a' cruthachadh, rud tron a bheil cànan gu tur a' ruith. 'S e taic is ath-bheothachadh na Gàidhlig rudeigin às a bheil deagh thoraidhean eaconamach a' tighinn. Bidh iad seo an uair sin a' cuideachadh ann a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean eaconamach nas fharsainge a tha mu choinneamh choimhearsnachdan Gàidhlig.'

- 6.4 Chluich còmhlan Àrd-Sgoil Àird nam Murchan, Sealladh, ceòl beò air an ùrlar mezzanine tron lòn lìonrachaidh. Tha an còmhlan òigridh a' cluiche ceòl traidiseanta agus cuideachd a' seinn sa Ghàidhlig. Tha iad nan deagh eisimpleir de dh'iomairt ann am foghlam Gàidhlig ann an Àrd-Sgoil Àird nam Murchan. Bidh iad ag ath-thasgadh sa chòmhlan aca tro ghnìomhan na h-iomairt sòisealta aca agus tha iad nan deagh eisimpleir do dhaoine òga airson am brosnachadh gus leantainn air adhart leis a' chòmhlan, agus a' toirt comas dhan sgoil leantainn air adhart a' brosnachadh ceòl, cultar is spiorad Ghàidhlig airson nan sgoilearan air fad.
- 6.5 Dh'fhosgail Ceannard na Comhairle, an Comhairliche Raymond Bremner, a' cho-labhairt le facal-tòiseachaidh mun Ghàidhlig ann an Comhairle na Gàidhealtachd agus le fiosrachadh mu amasan na co-labhairt. Às dèidh seo, thug an Comhairliche

Ailig Greumach seachad fiosrachadh mun luchd-labhairt a bhiodh a' bruidhinn agus mu na cuspairean a bhiodh aca tron latha.

Thug an luchd-labhairt a leanas seachad taisbeanaidhean:

Seumas Greumach (Àrd-Oifigear) An Comunn Gàidhealach – Am Mòd Nàiseanta Rìoghail

Iain Mac a' Ghobhainn – Taigh-staile Thiriodh

Calum MacIlleathain – Craoladair

Calum MacFhearghais, Alba FA – Guth airson na Gàidhlig ann am Ball-coise

Joanna Peteranna – Stiùiriche Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

Cornilius Chikwama – Eaconamaiche (tro cheangal bhidio)

Alison Bell agus Amy NicLeòid – High Life na Gàidhealtachd, Turas tro Chaisteal Inbhir Nis

Iain Moireasdan – Cathraiche MG ALBA

Bhruidhinn Àrd-Oifigear Chomhairle na Gàidhealtachd, Derek MacIlleDhuinn, ris a' cho-labhairt anns a' Ghàidhlig, a' toirt seachad prìomh theachdaireachdan mun Ghàidhlig is mun eaconamaidh air thoiseach air deasbad pannail le luchd-labhairt. Bha Ceannard na Comhairle sa chathair, a' gabhail cheistean mu raon phuingean deasbaid bho riochdairean is bho luchd-labhairt agus bha cothrom aig muinntir a' phannail am freagairt. Thàinig dithis sgoilear ÀS6 FtG bho Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, Charlotte Burton agus Daniel Cowan, còmhla ris a' phannal airson an t-seisein mu dheireadh dhen latha.

7. Làthaireachd

7.1 Chlàraich 101 riochdaire airson na co-labhairt.

Faicibh **Eàrr-ràdh 1** airson liosta iomlan de na buidhnean a chlàraich, le aon riochdaire no barrachd.

8. Toraidhean Deasbaid

8.1 Thug a' cho-labhairt fianais às ùr am follais mu luach chultarach is mu chomas eaconamach na Gàidhlig ann an gnìomhachas agus so-fhastachd air feadh na Gàidhealtachd. Bha e na chuspair cumanta tro na taisbeanaidhean air fad gun robh e cudromach eòlas is aire a thogail gus toirt fa-near gu bheil buannachdan an lùib na Gàidhlig thar iomadh roinn – bho choimhearsnachd, gnothachas is turasachd gu na meadhanan, cultar agus na h-ealain. Thug gach neach-labhairt seachad fiosrachadh le fianais gus buannachdan is builean eaconamach na Gàidhlig a thaisbeanadh.

Thug an deasbaireachd am follais mar a tha a' Ghàidhlig a' toirt buannachd dhan Ghàidhealtachd tro bhith a' cur ri beairteas is brìgh àite agus eachdraidh. B' e prìomh theachdaireachd a bha seo a thàinig am bàrr tron cho-labhairt air fad.

B' e cuspair cudromach eile gum bu chòir cothroman cànanain sa Ghàidhlig a leudachadh do dhaoine òga taobh a-muigh suidheachadh sgoile.

Tha Joanna Peteranna, Stiùiriche Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, air na smuaintean aice a thoirt seachad ann am blog mun Cho-labhairt Ghàidhlig [Embracing Gaelic in business and community/Gabhail ri Gàidhlig ann an gnothachas is coimhearsnachd | HIE](#) agus i ag innse: *“shoilleirich an tachartas gu bheil dreuchd riatanach shòisealta is eaconamach aig a' Ghàidhlig sna coimhearsnachdan beothail*

againn. Tha seo a' sealltainn mar a dh'fhaodas a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig fàs eaconamach a bhrosnachadh agus neart coimhearsnachd a leasachadh."

9 Co-labhairt Ghàidhlig – Na h-Ath Cheumannan

- 9.1 Thèid aithisg eile a thoirt chun na h-ath choinneimh aig Comataidh na Gàidhlig le toraidhean suirbhidh na co-labhairt. Tha an t-suirbhidh an-dràsta a' cruinneachadh fiosrachadh mu na lèirsinnean a thog riochdairean a bha an làthair, na seiseanan a b' fheàrr, cho buntainneach 's a bha an t-susbaint, ceanglaichean a chaidh a dhèanamh, agus cho buailteach 's a bhiodh iad obrachadh ann an co-bhann às dèidh a bhith an làthair. Tha an t-suirbhidh cuideachd a' sireadh fiosrachadh mu na bhiodh a dhìth san àm ri teachd airson leasachaidhean no beachdan sam bith eile mun tachartas.
- 9.2 Cuiridh Sgioba na Gàidhlig air dòigh bùth-obrach do dh'oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd gus beachdachadh air na prìomh theachdaireachdan, an dà chuid bhon fhianais a chaidh a thaisbeanadh aig a' cho-labhairt agus bho thoraidhean na suirbhidh. Cuiridh seo fios ris na h-ath cheumannan agus ri bhith a' lìbhrigeadh nam builean a thaobh gnìomhachas is an eaconamaidh ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.

Ainmeachadh: Kate Lackie, Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

Ceann-latha: 17 Cèitean 2025

Ùghdaran: Lena Walker agus Eoina Rodgers

Eàrr-ràdh 1

Liosta de bhuidhnean a chlàraich aig a' Cho-labhairt Ghàidhlig:

Comhairle na Gàidhealtachd
Riaghaltas na h-Alba
MG ALBA
Fèisean nan Gàidheal
Fèis Rois
Sabhal Mòr Ostaig
Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean
An Comunn Gàidhealach
Foghlam Alba
Comann nam Pàrant
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
Comunn na Gàidhlig (CnaG)
Alba FA
Dannsa Gàidhealach Cheryl Heggie
SEALL
Àrd-Sgoil Àird nam Murchan
Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
Bòrd na Gàidhlig
Impact Hub Inverness
Taigh-cluiche Cùirt an Easbaig
High Life na Gàidhealtachd – Turas tro Chaisteal Inbhir Nis

Leasachadh Sgilean na h-Alba
Comann nam Pàrant Phort Rìgh
Cultarlann Inbhir Nis
WJM
Seòmar Malairt na Gàidhealtachd an Iar
Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis
Port-adhair Inbhir Nis
Ionad Dualchais Bhrùra
Urras Oighreachd Ghabhsainn
Acadamaidh na h-Iomairt Sòisealta
Lasair
Comunn Eachdraidh Nis
Tobar an Dualchais
Taigh-staile Ghlinn Uais
Taigh-tasgaidh na Gàidhealtachd an Iar
NàdarAlba

Appendix 2 Conference_25_In _Pictures



